



# COMHAIRLE NAN EILEAN SIAR

**POLICY AND RESOURCES COMMITTEE: 21 JUNE 2007**

**COMATAIDH POILEASaidH AGUS STORAS: 21 OG-MHIOS 2007**

**LANGUAGE PLANNING: GAELIC LANGUAGE PLAN FOR THE WESTERN ISLES 2007-2012**

**DEALBHADH CANAIN: PLANA CANAIN GAIDHLIG DO NA H-EILEANAN SIAR 2007-2012**

Report by Chief Executive

Aithisg leis an Àrd Oifigear

## PURPOSE OF REPORT

The purpose of this Report is to provide an update on the progress of a Gaelic Language Plan for the Western Isles 2007-2012.

## ADHBHAR NA H-AITHISG

'S e adhbhar na h-Aithisg seo gear-chunntas a thoirt seachad air adhartas Plana Cànan Gaidhlig do na h-Eileanan Siar.

## COMPETENCE

- 1.1 Section 15(2) of the Local Government and Planning (Scotland) Act 1982 empowers local authorities to provide the means to enhance the culture of their area
- 1.2 There are no legal or other constraints to the recommendations being implemented

## COMAS

- 1.1 Tha Earrann 15(2) de dh' Achd Ùghdarras Ionadail agus Dealbhadh (Alba) a' toirt cead do dh' ùghdarras ionadail cuir ri obair cultarail an sgìre aca.
- 1.2 Chan eil buadhan laghail no eile co-cheangailte ri bhith a' buileachadh nam molaidhean.

## SUMMARY

- 2.1 This Report details the funding given by Bòrd na Gàidhlig to the Comhairle for 2006-07, in order to facilitate the preparation of a Gaelic Language Plan for the Western Isles for 2007-2012. It also provides an update on how this money was spent by the Comhairle in order to facilitate the preparation of this Plan.

## GEÀRR-CHUNNTAS

- 2.1 Tha an Aithisg seo a' toirt mion-chunntas air a' mhaoineachadh a thug Bòrd na Gàidhlig dhan Chomhairle airson 2006-07, gus deasachadh Plana Cànan Gaidhlig do na h-Eileanan Siar airson 2007-2012 a dhèanamh nas fhasa. Tha e cuideachd a' toirt cunntas às ùr air mar a chaidh an t-airgead seo a chosg leis a' Chomhairle gus deasachadh a' Phlana seo a dhèanamh nas fhasa.

## RECOMMENDATION

- 3.1 It is recommended that the Comhairle note the contents of this Report

## MOLADH

- 3.1 Thathar a' moladh gun toireadh a' Chomhairle fa-near na tha am broinn na h-Aithisg seo.

## BACKGROUND

- 4.1 In terms of Section 3 the Gaelic Language (Scotland) Act 2005, Comhairle nan Eilean Siar was selected by Bòrd na Gàidhlig as one of the first six public organisations in Scotland that would be expected to prepare a five-year organisational Gaelic Language Plan for submission to the Bòrd by autumn 2007.
- 4.2 This Gaelic Language Plan for the Western Isles will be based on language planning development and research conducted locally and nationally, and will focus on three strategic objectives: to strengthen Gaelic as a language in the family, to strengthen Gaelic as a language in the community, and to increase the number of Gaelic speakers in the Western Isles.
- 4.3 Furthermore, the Plan will be formulated from four documents. These are: Comhairle nan Eilean Siar Gaelic Policy, the Western Isles Language Plan 2006, Bòrd na Gàidhlig's National Plan for Gaelic 2007-2012, and Bòrd na Gàidhlig's Guidance on Preparing Gaelic Language Plans. In addition to this, Sgioba na Gàidhlig, who will undertake the preparation of the Plan on behalf of the Comhairle, will consult with Bòrd na Gàidhlig when appropriate or necessary during the process of writing the Plan.

## GAELIC LANGUAGE PLAN FOR THE WESTERN ISLES 2007-2012

- 5.1 In order to facilitate the preparation of the Plan, Bòrd na Gàidhlig has provided the Comhairle with £250,200 for 2006-2007 from the Gaelic Language Act Implementation Fund in order to fund a series of nine project schemes which will meet the strategic objectives stated above:
- £20,000 has been provided to the Council for Gaelic immersion classes with associated support
  - £12,000 for the promotion of Gaelic Medium Education
  - £8,200 to organise the teaching of Gaelic language skills to children in the after-school setting
  - £10,000 for the development of a National Integrated Language Service for Gaelic
  - £20,000 for the provision of Gaelic priority bilingual directional signage in the Western Isles
  - £20,000 for the development of the "Hebridean Connections" digitised Comunn Eachraidh resource
  - £50,000 for the provision of "Cearcall na Gàidhlig" (the "Gaelic Ring"), a cultural tourism experience enabled by integrated transport systems
  - £10,000 for "An Gàidheal Ùr" Gaelic newspaper.

## FIOSRACHADH

- 4.1 Fo Earrann 3 de dh' Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, chaidh Comhairle nan Eilean Siar a thaghadh le Bòrd na Gàidhlig mar aon de na sia buidhnean phoblach ann an Alba sa chiad dol-a-mach air a bhiodh dleastanas Plana Buidheann Gàidhlig de chòig bliadhna de fhaid a dheasachadh airson a chur a-steach gu Bòrd na Gàidhlig ron Fhoghar 2007.
- 4.2 Bidh Plana Gàidhlig Comhairle nan Eilean Siar stèidhichte air leasachadh agus rannsachadh dealbhadh cànan air a dhèanamh gu h-ionadail agus gu nàiseanta, agus thèid cuideam a chur air trì amasan ro-innleachdail: Gàidhlig a neartachadh mar chànan san teaghlach, Gàidhlig a neartachadh mar chànan sa choimhearsnachd, agus àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig sna h-Eileanan Siar a mheudachadh.
- 4.3 A thuilleadh air sin, thèid am Plana a chur ri chèile le bhith a' cleachdadh ceithir sgrìobhainnean. 'S iad: Poileasaidh Gàidhlig Comhairle nan Eilean Siar, Plana Cànan nan Eilean Siar, Plana Nàiseanta na Gàidhlig aig Bòrd na Gàidhlig 2007-2012, agus Stiùireadh Bòrd na Gàidhlig ann a bhith a' deasachadh Phlanaichean Cànan Gàidhlig. Mar an ceudna, bidh Sgioba na Gàidhlig, a bhios a' deasachadh a' Phlana às leth na Comhairle, a' gabhail comhairle bho Bhòrd na Gàidhlig nuair a thathar a' smaoinachadh gum biodh e iomchaidh no riatanach fhad 's a thathar a' sgrìobhadh a' Phlana.

## PLANA CANAIN GAIDHLIG DO NA H-EILEANAN SIAR 2007-2012

- Gus deasachadh a' Phlana a dhèanamh nas fhasa, tha Bòrd na Gàidhlig air £250,200 airson 2006-2007 a thoirt seachad don Chomhairle bho Mhaoin Bhuileachaidh Achd na Gàidhlig gus sreath de naoi sgeamaichean phròiseict a mhoineachadh, a bhios a' coileanadh nan amasan ro-innleachdail air an cur an cèill gu h-àrd:
- Chaidh £20,000 a thoirt seachad don Chomhairle gus clasaichean cùrsa-bogaidh na Gàidhlig, le taic na lùib, a chur air dòigh
  - £12,000 gus Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a bhrosnachadh
  - £8,200 do theagasg sgilean cànan Gàidhlig do chloinn a chur air dòigh taobh a-muigh sgoil
  - £10,000 airson Seirbheis Aonaichte Nàiseanta do dh' Ghàidhlig a leasachadh
  - £20,000 gus soidhnichean stiùiridh dà-chànanach sna h-Eileanan Siar le prìomhachas do Ghàidhlig a thoirt seachad
  - £20,000 gus stòras diodsiotach nan Comunn Eachraidh, "Hebridean Connections", a leasachadh
  - £50,000 gus "Cearcall na Gàidhlig" (the "Gaelic Ring") a thoirt seachad, blas turasachd cultarach, a ghabhas dèanamh air sgàth siostaman còmh-dhail aonaichte
  - £10,000 don phàipear-naidheachd Gàidhlig, "An Gàidheal Ùr".

5.2 In addition to this, £100,000 was given to the Comhairle in order to fund new Gaelic projects in the community, (under the “New Gaelic Projects in the Community” scheme). Funding was disbursed by the Comhairle to any constituted community groups, unincorporated associations, limited companies, co-operatives or partnerships in the Western Isles, who could both demonstrate that their projects would be likely to increase the number of Gaelic speakers in the Islands, and increase the quality and range of usage of Gaelic in the Islands. Further conditions placed on an award were that the money could not be spent on staff costs, and that all money had to be spent by the end of June 2007.

5.3 To date, 39 applications have been received from community organisations, 20 of whom received some level of funding, and a total of £97,150.58 has been paid out to organisations. Two further, late applications are being processed at the current time, with the expectation that they will be successful, and that the remaining £2,849.42 will be disbursed.

5.4 Progress Report forms will be posted out to all the successful organisations shortly in order to monitor the progress of all the projects, and in order to ascertain that the money has been spent as agreed. These forms will be filled in and returned to Sgioba na Gàidhlig, along with evidence of expenditure, (such as copies of invoices or receipts).

5.5 It is expected that the Plan will be submitted to Bòrd na Gàidhlig in September 2007, after having been put through a consultation process of 6-12 weeks.

Contact Officer: Donald Weir  
Sgioba na Gàidhlig, x393 / 395  
5 June 2007

5.2 A bharrachd air seo, chaidh £100,000 a thoirt don Chomhairle gus pròiseactan ùra Gàidhlig sa choimhearsnachd a mhaoineachadh, (fo sgeama “Pròiseactan Ùra Gàidhlig sa Choimhearsnachd”). Chaidh airgead a chur a-mach leis a’ Chomhairle gu buidhnean coimhearsnachd le bun-stèidh, buidhnean neo-chorporraichte, companaidhean earranta, co-chomainn no com-pàirteachais sam bith sna h-Eileanan Siar, a dh’ fhaodadh sealltainn gum biodh e coltach gun mheudaicheadh am pròiseactan an dà chuid àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig sna h-Eileanan, agus inbhe agus raon cleachdaidh na Gàidhlig sna h-Eileanan. Dh’ fheumadh cumhachan eile a bhith air an coileanadh mus deach taic-airgid a thoirt seachad, agus ’s iad nach fhaodar an t-airgead a chosg air pàigheadh luchd-obrach, agus gum feum an t-airgead gu lèir a bhith air a chosg ro dheireadh an Ògmhios 2007.

5.3 Chun ìre seo, tha 39 iarrtasan air a thighinn a-steach bho bhuidhnean coimhearsnachd, 20 dhiubh a fhuair taic-airgid gu ìre air choreigin, agus chaidh £97,150.58 gu lèir a chur a-mach gu buidhnean. Thathar a’ dèiligeadh ri dà iarrtas fadalach, eile, aig a’ cheart àm, leis an dòchas gum bi iad soirbheachail, agus gun tèid an £2,849.42 air fhàgail a chur a-mach.

5.4 Thèid formaichean Aithisg Adhartais a chur a-mach gu na buidhnean soirbheachail gu lèir ann an ùine ghoirid gus sùil a chumail air adhartas nam pròiseactan gu lèir, agus airson a bhith cinnteach gun deach an t-airgead a chosg mar a chaidh aontachadh. Thèid na formaichean seo a lìonadh a-steach agus an cur air ais gu Sgioba na Gàidhlig, le fianais nan lùib gun deach an t-airgead a chosg, (a leithid lethbhreacan de chunntasan no cuidhteasan).

5.5 Thathar an dùil gun tèid am Plana a chur a-steach gu Bòrd na Gàidhlig anns an Sultain 2007, an dèidh dha a bhith air a chur tro chùrsa cho-chomhairleachaidh de 6-12 seachdainean de dh’ fhaid.

Cuir Fios gu: Dòmhnall Weir  
Sgioba na Gàidhlig, x393/395  
5 an Òg-mhios 2007